

Seanchas Ìle

TASG-LANN DUALCHAIS

Agallamh: A' buain na mòine

LM: Lena McKeurtan

EE: Emily Edwards

EE: Tha e air a-nis.

LM: Mur a tha an reothadh seachad tha thu a' buain a' mhòine. Ma bhuaineas tu mòine agus gun tig, gum faigheadh i an reothadh, tha i [?] a' bristeadh air folbh, bhristeadh i suas. Bha sinne a' gearradh mòine air na, suas air Bun na h-Abhainn, a' mhonadh aig Bun na h-Abhainn 'sin. Agus, mur a bha sinn ga buain, air *Ardnahoe*...fearainn sin. Agus 'nis, bha buaineadairean a'ad, feadhainn a' buain a' mhòine agus bha 'ad a' cleachd' fàl. 'Se fàl a tha sin, fàl mhòine. Agus 'se na feadhainn a' sgoradh...

EE: Dè tha ann an sgoradh?

LM: Tha a' sgoradh a' ciallach', tha thu, tha forc agad agus tha thu a' toirt leat, tha a' bua'dair, tha e a' gearradh an fhòid. Chan eil e cosail ris na Leòdhasaich. Tha na Leòdhasaich a' gabhail an cas ach tha na h-Ìlich, 'se an làmhan.

EE: Ó, seadh.

LM: *Arms*, gàirdein, làmhan...

EE: Seadh.

LM: ...a'cleachdadh. Agus tha thu a'cur an fhàl sìos air, agus a' tilgeadh air an fhòid air mullach a' bhac agus tha a' sin na sgoradairean a' toirt luachair air an fhòid. Agus 'se binn 's forc le dà chas bhig air. Ach dh'fhaodadh trì a bhith air 'sa t-sean aois bhiodh dìreach dà chas bhig oirre agus bhiodh tu a' stobadh sin a's an fhòid e agus ga cur a-mach gu snog air mullach air a' sgeir. A' chiad mòine a bheir thu a-mach às an sgeir, 'se mòine chìob am bitheantsa, tha sin a' ciallachadh tha i coinnteachaidh. Ach, 'si an ath, an fhòid fodha sin, tha i a' fàs nas dubha. 'S i mòine dhubh, agus tha ise, tha i nas fhasa a bhuain ach tha 'ad a togail nas àirde à sgeir. Nuair a tha thu a' gearradh mòine chìob an toiseach, tha thu 'dol a-mach pìos bhon sgeir agus ga leigeil a-mach air mullach an sgeir agus leis a sin tha thu a' fàgail rùm don mhòine chìob, a' mhòine dhubh agus tha thu a' cur a' mhòine dhubh sìos mar sin. Agus corra-uair ma tha doimhne math a dh' fhaoidte a' feitheamh, d'fhaoidte trì fòidean às meadhan a' bhac a's trì fòidean doimhnead 's a h-uile bac. Agus, uill, bha daonnan, chan eil fhios a'm cia mheud òirleach d'fhaoidte dusan òirleach no rudeigin ach d'fhaoidte ceithir deug tha rudeigin mar sin. Bha rùm a'ad seasamh agus beagan *more*, beagan thairis air a' sin, rùm a' ad seasamh air a' bhac. Ach bhiodh sinne a' gearradh a' mhòine, sìos air ais nas motha. Bha sinn a' gearradh pìos barrachd den mullach sin. 'S iadsan a'chiad rud a bha thu a' dèanadh, bha thu faotainn spaid mhòr agus bha thu a' gearradh sìos a'

bhac cho fhad 's a thig a' bhac. Corra-uair tha iad fada agus chan eil thu ga dhèanadh, ma tha iad fada. Tha thu a' gearradh sin sìos dà uair, dà, cosail ri dà leud spad, eadar a' rud leis a sin tha thu a' faotainn. Tha sin ga dèanadh na deoncaichean cosail ri, abair, dà, deich, dusan òirleach mar dusan òirleach. Ghearradh iad trasda agus a' sin tha thu a' faotainn mar chnap, mar chnap. An cuala tu iomradh air an fhacal seo?

EE: Cha chuala.

LM: Uill, 'se, tha iad mar chnap, rud beag iarainn cruinn no mar sin, tha e cruinn. Tha sin air a chur, cosail ri, *stave* ann am balla, fiodh ann am balla. Tha e car cruinn, 'fhios a'ad, chan eil iad a' tilgeadh sìos, tha e car lùbte. Agus air mullach a tha sin, tha *crossbar*, agus tha sin air fad an [??] pìos *crossbar...bar* a' dol sìos [?] aig a' bhonn. Tha thu a' seasamh mar sin agus tha thu, do chasan...ag *useadh* sin air an sgroth a thoirt dheth agus tha sinne mar siud thairis ar [?] Agus tha sin a' tuiteam anns a' bhonn gu h-ìseal 's gus a bheil mullach an sgeir *clear*. Nach eil an stuth air fhàgail. Agus sin, tha cuid gu h-ìosal agus 'ad, nuair a tha a' mhòine air fad air a toirt a-mach, a' mhòine chìob agus sin a' mhòine dhubh, tha bonn air fhàgail agus chan eil mòine ann, tha thu a' cur na sgrothan a bha thar a' mhullach. Tha thu ga fhaotainn gu snog agus leis a sin tha thu a' cur grunn air ais mar a bha e agus bliadhnaichean an dèidh sin chan fhaic thu gu robh mòine shìos a' sin. 'Eil thu 'tuigsinn?

EE: Tha.

LM: *So*, sin agad. Uill, tha thu ga fàgail 'sin airshon...Uill, tha e a rèir seòrsa aimsir. Ma tha an aimsir math agus gu bheil a' tiormachadh math ann, uill, d'fhaidte dhà no trì làithean. Ma tha sgrodadh oirre agus tha an fhòid sin a' fàs tioram, ma tha mullach tioram, tha am bonn daonnan fliuch, tha thu a' cur 'adsan nan seasamh suas cosail ri... *wigwams*.

EE: Ò, *aye*.

LM: Cosail ri *wigwams*. Agus ma tha e gu math fliuch, corra-uair nach seas i agus tha thu a' dèanadh bogsaichean dhise, paidhir mar sin, paidhir mar siud. Tha thu a' dèanadh bogsaichean. Ach 'se sin an dòigh leisg, bidh sinn ag ràdh (*gàireachdainn*). Tha e a' tiormachadh as fheàrr. Tha sin a' toirt seachdain no rudeigin. Dìreach ma tha an aimsir math far a' bhac mòine a-rithist agus 'feuchainn ri tiormachadh math. Ma tha i a' tiormach' cha robh sinn ag atharrach' i agus a cur nam measg air a' ghrunn ach ma tha esan fliuch cuir' sinn e gu h-àrd. Agus tha thu a' sin gun dèanadh dha, 'se rucan tha sin, rucan beaga agus a' sin. Tha i a' fàs nas tiorma. Tha thu a' sin, rucan mòra a tha a dhith. Tha thu ga fàgail air an sgeir gus am bheil iad nan rucan mòr air fad. Tha sin a' faotainn, uill, 'se each 's cairt a b'abhàist a bhith againn ach 'se a-nise *tractors*. Ach, uill, a-nis ud tha *machine* aca agus tha am *machine* a' gearradh a' mhòine. Chan eil iad a' cleachdadh fàl mhòine ach chan eil sinne ga...

EE: A bheil sin aca ann an Ìle?

LM: Chan eil na buaineadairean an-seo a' salachadh làmhan, an làmhan. Tha na Leòdhasaich, tha 'adsan gan togail na fòid sin. Tha am buaineadar a'

gearradh a' mhòine le a chas, agus tha a' mhòine a' tuiteam sìos aig a' chas. Tha fhios a'ad, tha ceumadair a their sinne ris sin. Ma dh'fheumas tu a' mhòine a thogail, cuideigin nach urrainn do'n fhòid a thogail, nach urrainn do'n fhòid a thilgeil à mullach am bac. Ó feumaidh tusa ceumadair, cuideigin a thogail a' mhòine dhut, 'eil thu 'tuigsinn? Agus, tha thu a'salach' do làmhan an-sin ach cha ruig thu leas do làmhan a shalachadh buain mòine. Faodaidh tu do làmhan... Chan eil... Tha a' fàl mhòine glan. Agus, tha adharc air a ceann. 'Se, tha e mar sin. Tha iarainn mar sin, agus tha pìos mar seo agus tha sin air a chur ri pìosa maide cruinn agus air mullach am maide cruinn tha adharc bò no adharc, 's am bitheantas 'se adharc tarbh no rudeigin mar sin, cruinn. Tha thu a' breithheadh air a sin, làmh air, agus ga putadh sìos. Ach tha na Leòdhasaich air an cur air cas, air an fhàl, agus cas cha robh i againn, cas. Chan eil 'adsan a' togail a' mhòine, a' leigeil oirne tha ceumadairean ga dhèanadh, a' mhòine. Ach, tha a' mhòine acasan beag agus *square*. Tha na feadhainn a'inne cosail ri *sausages*. Bha Leòdhasach ann shuas a' seo agus bha e ag ràdh 'se *sausages* a th'agaibh 'sa mhòin ud (*gàireachdainn*). Bha iad caol fad'. Corra-uair, tha 'ad nas leithne ach corra-uair nach eil 'ad. Tha 'ad gu snog, an *size* ceart a bh'ann, a ghearradh.

EE: 'S cò bha 'dol ann? An robh thu 'dol ann còmhla ri do theaghlach no? Do....?

LM: Ó bha, Ó bha. Bhiodh, b'àbhaist do, bhiodh cuideigin a' toirt dhut a cuideachadh agus bhiodh thusa a' cuideachadh iadsan agus mar a b'àbhaist cha bheireadh sin fada. Bhiodh daonnan a h-uile daoine a' cuideachadh a chèile agus uill bha sinn a' buain mòine. Cuideigin a' buain agus cuideigin eile a bharrachd. Bha thu a' cuideachadh a h-uile duine bhiodh sin ag ithe ar bidhe air a' mhonadh. Agus bha daonnan blas as fhearr air ma smaoinicheas mi air, blas as fhearr (*gàireachdainn*). Bha thu nad shuidhe 'sa fhraoch agus cha robh *hygiene*, cha robh duine sam bith a' smaointinn air *hygiene*.

EE: Cha robh!

LM: Chuireadh iad an aran air an fhraoch agus ag ithe, corra-uair, bhiodh, cha robh *table napkins* agad. Bha corra-uair 'fhios a'ad. A-nis, Ó, chan eil e fallain ma tha thu ag obair mar sin. Rud sas bith air a' bhòrd agaibh. Bha sinne, fraoch... 's feur. Bha daonnan tobar dlùth air a' mhòin, bha daonnan tobar uisge a ghabhadh òl the fhios 'ad agus bha sinn ' lìonadh na coire, na coireachan. Dè 'ghàidhlig air coire?

EE: Coireachan.

LM: Aona-choire, dhà choire, trì coire (*gàireachdainn*). *Kettles*, no?

EE: Ó, seadh.

LM: Agus dh'fheumadh thu an aire a thoirt nach fhaigheadh an toite ann. Cha bu toigh leinn blas toite air tì, cha bu toigh leinn sin. Ach, bha feadhainn aca, bha iad coma, ach cha bu toigh leamsa mur a faigheadh an toit a-staigh ann ach cha robh an toit a' faotainn a-staigh am bitheanta. Tha mi a' smaointinn gu robh na panaichean beaga aca, bha na *pans* bheag. Bha seann choire againn, ag goileadh an uisge agus a' cur an tì anns a' choire agus ga cur mun cuairt. [12.15]